

National Poetry Day in Scotland

3 October 2013

WATER

Rudan a nì uisge

Smaoinich air tuil, smaoinich air tobar,
smaoinich air muileann, 's i 'g obair 's ag obair;

smaoinich air d' fhuil 's i falbh 's a' falbh
trod chuislean uile a dh'oidhche 's a là;

smaoinich air craobhan 's feur 's air lusan,
chan fhàsadh iad idir gun frasan is fliuichead;

smaoinich ort fhèin a-muigh anns a' pholl –
dè ghlanas an salchar aig a' cheann thall?

Smaoinich air mamaidh a' dèanamh do dhinneir,
gun uisge sa phana cha bhruicheadh nì dhi;

smaoinich air uisge a thig às an adhar,
cò às tha e tighinn agus càit am falbh e?

Smaoinich air cungadh nuair bhios sinn tinn,
cò ann a leghas na mathasan grinn?

Smaoinich air frasair no bath mòr teth,
le splis is le splais is deatach tighinn dheth.

'S tha ceud rud eile a nì sinn le uisge,
nach smaoinich thu orra is tòisich air liosta.

Maoilios Caimbeul

Think of a Flood

Jackie Kay, from the Gaelic of Maoilios Caimbeul
Reproduced by permission of the authors

NPD poem posters, teaching resources & films:

www.scottishpoetrylibrary.org.uk

Explore Scottish Water's education materials:

www.scottishwater.co.uk

Supported by / Le Taic bho:



In partnership:

SCOTTISH POETRY LIBRARY

By leaves we live



Scottish Water
Always serving Scotland